

Coinneamh: Bòrd-stiùiridh
Ceann-là/Àm: 10 Dàmhair 2024 aig 09.30
Càite: Microsoft Teams

Geàrr-chunntas – Seisean Fosgailte

1. Cùisean Tòiseachaidh

1.1. Fàilte is Leisgeulan

Buill Bùird an làthair:

Màiri T NicAonghais (MTNA) [Cathraiche]

Dòmhnall K Mac a' Phi (DKM)

John Neil Dòmhnallach (JND)

Michelle NicLeòid (MNL)

Jennifer Gilmour (JG)

Seonaidh Charity (SC)

Stewart MacLeòid (StML)

An làthair:

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard/Oifigear Cunntachail (ED)

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh (IMM)

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra (NP)

Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlaim (JMH)

Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' gheàrr-chunntais (OND)

Leisgeulan:

Rob Dunbar (RD)

1.2. A' Nochdadh Com-pàirtean

JG – Riaghaltas na h-Alba (3.3)

DKM – FC Sonas, Comunn na Gàidhlig

MNL – Oilthigh Obar Dheathain

SC – Comhairle na Gàidhealtachd, SQA

1.3. Gnothaich Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Cha robh gin ann.

2. Plana Corporra is Coileanadh

2.1. Aithisg air PCCan Plana Corporra 2023-28

Thug IMM fios gun robh adhartas ga dhèanamh air na PCCan anns a' Phlana Chorporra ged nach deach am Plana fhèin aontachadh ach o chionn ghoirid. Tha an aithisg a' sealltainn na chaidh a dhèanamh airson gach PCC chun a seo leis a' bheachd gu bheil an t-adhartas soilleir agus gun robh IMM toilichte ceistean no beachdan a ghabhail, air an adhartas fhèin agus air an dòigh anns a bheil am fios ga thoirt seachad.

Dh'fhaighnich Buill a bheil ceann-ama ann airson Planaichean Gàidhlig Coimhearsnachd. Thug IMM fios mun adhartas leis an fheadhainn a tha a' dol air adhart mar-thà agus thuirt e gu bheil iad aig diofar ìrean. Bheachdaich e air na trioblaidean a b' urrainn nochdadh sa phròiseas.

Dh'iarr Buill tuilleadh fiosrachadh mu na coinneamhan mìosail a tha a' tachairt eadar na h-Oifigearan Leasachaidh. Thug IMM fios gur ann leis na h-oifigearan fhèin a tha an lìonra agus mar sin nach eil Bòrd na Gàidhlig os cionn nan coinneamhan seo. Thathar a' toirt taic dhaibh gu tric agus thathar den bheachd gu bheil na coinneamhan feumail cho fad 's a tha iad a' dol air adhart. Thug IMM fios gur e a' phrìomh thrioblaid nach eil a h-uile oifigear a' frithealadh nan coinneamhan agus gun robh leasachadh a dhìth gus na coinneamhan a dhèanamh cho soirbheachail 's a ghabhas. Bidh Bòrd na Gàidhlig a' cumail taic ri seo ach thathar an dùil gun gabh na h-oifigearan uallach airson na h-obrach seo.

Thog Buill moladh gum biodh cothroman do na h-oifigearan coinneachadh ri chèile feumail airson co-obrachadh agus gus an lìonra a dèanamh nas làidire. Thug IMM fios gum bithear a beachdachadh air seo, is gu bheil e ag aithneachadh gu bheil cothroman sòisealta is dàimhean làidir cudromach, agus cuideachd gum biodh cosgais an lùib seo.

PCC4 – Ceist bho Bhuill air SpeakGaelic - fhreagair IMM gu feumadh lèirmheas a dhèanamh air a phròiseact chun a seo. Bhiodh e air a bhith math nan robh ro-innleachd againn mus do thòisich am pròiseact seo. Feumaidh sinn a' cheist a fhreagairt – a bheil e a' coimhead làidir gu leòr airson ionnsachadh na Gàidhlig. Feumar seasamh air ais agus faicinn a bheil rudan air an t-slighe cheart agus dèanamh cinnteach gu bheil e deiseil airson a dhol chun na h-ath ìre.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithisg.

2.2. Am Fios as ùire air Foghlam

Thug JMH iomradh air fiosrachadh sa phàipear. Bhon choinneimh mu dheireadh chaidh trì cho-chomhairlean a fhreagairt agus dh'obraich an sgioba leis an GTCS air riatanas inntrigidh airson tùs-thrèanadh thidsear. Thugadh fios mun aithisg air solar 0-3 a chaidh fhoillseachadh san Iuchar 2024 agus chaidh aithris gun robhar air a bhith ag obair leis an Riaghaltas air cur an gnìomh mholaidhean. An t-seachdain seo bhathar air bruidhinn ris an sgioba Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne aig Riaghaltas na h-Alba mu phileat ùr airson luchd-cùraim cloinne fhadastadh agus Gàidhlig a thoirt a-steach do seo. Thugadh fios cuideachd mun obair chom-pàirteach le SCILT agus Connect.

Thug Buill an aire don deagh obair a tha JMH agus sgioba Bhòrd na Gàidhlig a' dèanamh agus Gàidhlig a thoirt a-staigh gu poileasaidh aig ìre tràth agus air an diofar a tha seo a' dèanamh.

Dh'fhaighnich Buill an robh JMH mothachail air àiteachan sònraichte anns a bheil cothroman leasachaidh agus thug JMH fios air àiteachan far am biodh obair an sgioba a' toirt buaidh thar ùine.

Thog Buill moladh gum biodh e math nan robh iomairt 'Sgeama nan Tosgairean' aig SCILT a' toirt a-steach na Gàidhlig.

Mhol buill an obair le Comhairlean air freagairtean co-chomhairlean agus thug JMH tuilleadh fiosrachadh air seo agus thuirt i gum bithear a' cumail a' dol leis.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithisg.

3. Ionmhas

3.1. Aithisg Ionmhas

Thug NP geàrr-chunntas seachad air an aithisg, a' toirt fa-near gun robh cosgaisean aig deireadh an luchair £37k air cùl a' bhuidseit. Ach bhathar an dùil am buidseat bliadhnail iomlan a chosgagus bha seo ri fhaicinn anns na geallaidhean agus an cleachdadh bliadhnail ris an robh dùil, a tha air a chleachdadh airson cosgaisean a chaidh a shònrachadh do raon sònraichte de chosgais.

Dh'fhaighnich Buill an toir an bacadh air fastadh buaidh air cosg a' bhuidseit, agus fhreagair an Ceannard gu bheilear ag obair air stèidh cùis mu seach agus nach robhar ro dhraghail mu dheidhinn aig an ìre seo agus gun tèid sùil a chumail air cùisean.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithisg.

3.2. Riaghladh Ionmhais

Thug NP iomradh air an fhiosrachadh sa phàipear. Dh'fhaighnich Buill an urrainn do NP lèirmheas a dhèanamh air an teacs san earran 'adhbhar'.

Gnìomh:

NP ri lèirmheas a dhèanamh air an teacs san earran 'adhbhar'.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithisg.

3.3. Aonta Frèam-obrach

Thug an Ceannard fios nach robh dad air atharrachadh bhon turas mu dheireadh a chaidh an Aonta Frèam-obrach a thaisbeanadh don Bhòrd-stiùiridh.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithisg.

4. Rianachd Mhì-chinntean

4.1. Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail

Thug NP fios nach deach mhì-chinntean ùr a chur ris a' chlàr ach gur dòcha gum bi lèirmheas a dhìth nuair a thèid Bile nan Cànan Albannach aontachadh. Thugadh fios gun deach grunn atharrachaidhean a dhèanamh air ìrean chunnart, gnìomhan, aithrisean agus gun deach colbh loidhne-tìde a chur ris. Chaidh na h-atharraichean seo aontachadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd san t-Sultain 2024 agus thug Cathraiche na Comataidh tuilleadh fios air na còmhraidhean a bha aig a' Chomataidh, gu h-àraidh a thaobh mì-chinnt 1. Thugadh soilleireachadh gu bheil uallach air a' Chomataidh airson a' chlàir agus mar sin cha tèid puingeann sònraichte a thogail leis a' Bhòrd-stiùiridh ach a-mhàin ma tha a' Chomataidh den bheachd gu bheil seo a dhìth.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' chlàr mhì-chinntean.

5. Cùisean Corporra

5.1. Ro-innleachd Conaltraidh

Thug an Ceannard fios gun deach an Ro-innleachd Conaltraidh aontachadh leis a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan san t-Sultain 2024 agus bhathar airson a thaisbeanadh don Bhòrd-stiùiridh cuideachd air sgàth 's cho cudromach 's a tha e do dh'obair Bhòrd na Gàidhlig. Thugadh fios gu bheil an Ro-innleachd ag amas air a bhith soilleir anns na prìomhachasan airson conaltradh agus a' mìneachadh nam prìomh dhòighean a chleachdas sinn gus ar n-amasan a libhrigeadh.

Thugadh fios cuideachd gum biodh an cuspair seo a' tighinn dhan Bhòrd-stiùiridh mar phuing stèidhichte gus fios a chumail ri Buill air an obair a tha ga dèanamh taobh a-staigh na buidhne. Thugadh fios gu bheil prìomhachasan na Ro-innleachd air an toirt a-steach do Phlana Gnìomh Bhòrd na Gàidhlig cuideachd.

Thug Cathraiche na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan fios gun robh cothrom aca beachdachadh air an Ro-innleachd agus chaidh a ràdh cho inntinneach 's a bha e a bhith a' faicinn cho farsaing 's a tha luchd-ùidh is com-pàirtichean Bhòrd na Gàidhlig. Chaidh a' phuing a thogail cuideachd gu bheil an t-uamhas ga dhèanamh taobh a-staigh Bòrd na

Gàidhlig agus gum biodh e feumail don phoball seo fhaicinn. Thug e taing do na h-oifigearan airson an obair ann a bhith ga uallachadh.

Dh'fhaighnich Buill dè an ìre is gu bheil an ro-innleachd a' nochdadh na h-obrach a tha Bòrd na Gàidhlig a' dèanamh ann a bhith a' tagradh airson luchd-labhairt na Gàidhlig agus obair a' Bhùird-stiùiridh fhèin. Thug an Ceannard fios gun cruthaich an Ro-innleachd cothrom a bhith ag aithris air an obair ann an dòigh nas fheumaile. Thuirt i nach eil na goireasan aig Bòrd na Gàidhlig gus an ìre de chonaltradh a lìbhrigeadh a tha a dhìth agus gur e sealladh fìrinneach a th' ann air far a bheil a' bhuidheann an-dràsta. Thug i fios gun tèid lèirmheas a dèanamh air an sgrìobhainn gu cunbhalach gus cothroman a chruthachadh airson cnuasachadh agus airson fàs a thoirt air.

Dh'fhaighnich Buill mun bhuidhinn-obrach air an robh iomradh air taobh-duilleig 10 den Ro-innleachd agus am biodh iad a' toirt fios don Bhòrd-stiùiridh. Thug an Ceannard fios air dè am fiosrachadh a bhiodh ga thaisbeanadh don Bhòrd-stiùiridh airson sealladh soilleir a thoirt dhaibh air obair na buidhne.

Thuirt Buill gun robh iad a chur fàilte air an Ro-innleachd seo agus gun robh e cudromach faicinn gu bheil a' cur prìomhachas air na buidhnean air fad. Thuirt Buill gum bu chòir èisteachd agus ionnsachadh a thoirt a-steach agus thuirt an Ceannard fios gun dèan i lèirmheas air gus seo a thoirt a-steach.

Chaidh a thogail nach robh obair le Riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte ga thoirt a-steach agus fhreagair an Ceannard gum bi seo ri fhaicinn san aithriseachd.

Bha Buill den bheachd gun robh an Ro-innleachd furasta ri leughadh agus soilleir.

Gnìomh:

ED ri thoirt a-steach èisteachd is ionnsachadh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris an Ro-innleachd Conaltraidh.

6. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh

6.1. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh

Thug an Ceannard fios mu na h-atharraichean sa phlana-obrach a bha air an comharrachadh ann an dearg. Thugadh fios gun toireadh iad seo fòcas air obair a' Bhùird-stiùiridh bho seo a-mach. Thugadh cuideachd tuilleadh fiosrachadh air na h-atharraichean seo agus ciamar a bhios iad seo air an toirt a-steach do na PCCan bhon Phlana Gnìomh.

Dh'fhaighnich Buill ciamar a bhios an Ro-innleachd Conaltraidh agus an Clàr Mhì-chinntean ag obair còmhla. Thug Cathraiche na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd beachd seachad air mar as urrainnear na gnìomhan sa Chlàr Mhì-chinntean a dhèanamh nas soilleire agus gum biodh e math nam b' urrainn don Chomataidh beachdachadh orra seo ri chèile.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Obrach.

7. GISBE

Cha robh gin ann.

Ceann-là na h-ath choinneimh: 12/12/2024

Deireadh an t-Seisein